

Ro-innleachd Poileanachaidh do dh'Alba

2017-2027



Scottish Natural Heritage
Dualchas Nàdair na h-Alba
All of nature for all of Scotland
Nàdar air fad airson Alba air fad



The Scottish
Government
Riaghaltas na h-Alba

A' cumail taic ri beathaichean poileanachaidh

Tha beathaichean poileanachaidh riatanach airson bith-iomadachd na h-Alba. Chithear seilleanan is cuileagan-iadhach gu bitheanta ann an gàrraidhean is pàircean agus a-muigh air an dùthaich, agus tha iad deatamach ann an gnìomhachasan a' bhìdh is an àiteachais, agus bidh iad a' cur ris an tlachd a gheibh sinn às a' bhhlàr a-muigh agus ri ar cuid slàinte.

Ach tha na beathaichean poileanachaidh fiadhaich againn ann an cunnart. Tha briseadh àrainnean, atharrachadh cleachdadh talmhainn, galaran, puinnsean-bhiastan agus atharrachadh sìde uile a' toirt droch bhuaidh orra agus tha iad feumach air ar cuideachadh.

Tha Ro-innleachd Poileanachaidh do dh'Alba 2017-2027, agus am Plana Stèidheachaidh na cois, a' cur nan ceuman an cèill a dh'fheumas Alba a ghabhail gus an soirbhich le beathaichean poileanachaidh anns an dùthaich seo.

'S iad na prìomhachasan againn gum bithear:

- A' dèanamh Alba nas fhreagarraiche do bheathaichean poileanachaidh;
- A' toirt ar tuigse air na meanbh-fhrìdean riatanach seo agus an cuid seirbheis dhuinn am feabhas;
- A' làimhseachadh cleachdadh coimeirsealta de bheathaichean poileanachaidh a rèir math nan gnèithean dùthchasach;
- A' togail aire is a' brosnachadh gnìomh airson taic a chumail ri seilleanan is meanbh-fhrìdean poileanachaidh eile; agus
- A' sgrùdadh agus a' meas a bheil na meanbh-fhrìdean poileanachaidh a' soirbheachadh.

Tha lethbhreacan den Ro-innleachd Phoileanachaidh agus den Phlana Stèidheachaidh rim faotainn aig www.nature.scot/pollinator-strategy-2017-2027

